


STORYWORLDS



Sim Seunta agus an càr



Tony Mitton • Mandy Doyle



Bha Sìm Seunta tric a' dèanamh
gheasan.

Bhiodh Luchag, a charaid, ga
chuideachadh.

Bha leabhar gheasan aig Sìm,
ach bhiodh e tric a' dol ceàrr.

Aon là bha Sìm ag iarraidh càr.



“Tha mi ag iarraidh càr,”
thuirt Sìm.

“Cuidichidh mi thu,”
2 thuirt Luchag.



“ABRACADABRA!”
thuir Luchag.
“Tha sinn ag iarraidh càr.”



“Sin càr,” thuir Sìm.
“Ach tha e ro bheag.”



“Chan eil, chan eil e ro bheag
dhòmhsa,” thuir Luchag.

“Is toil leam e.”



“Tha an càr sin ro bheag,”
thuirt Sìm.

“Tha mise ro mhòr.”



“ABRACADABRA!” thuir Sìm.
“Tha mi ag iarraidh càr mòr!”



“Seall an càr sin!”
thuir Luchag.
“Bheil e ro mhòr?”



“Chan eil, chan eil e ro mhòr
dhòmhsa,” thuir Sìm.

“Is toil leam e.”



“Dràibhidh mise an càr mòr,”
thuirt Sìm.



“Dràibhidh mise an càr beag,”
thuirt Luchag.



“Càr sgoinneil!” thuir Sìm.
“Càr sgoinneil,” thuir Luchag.